

Diciadain 17 Iuchar 2007

Beachdan air an iarraidh air dreachd Phlana Gàidhlig na Gàidhealtachd

Tha sia coinneamhan poblach gu bhith gabhail àite air a' Ghàidhealtachd an ath mhìos airson cothrom a thoirt do dhaoine am beachd a thoirt air dreachd Phlana Gàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd airson an ath cheithir bliadhna.

Bidh na coinneamhan a' tachairt mar a leanas:

Talla a' Bhaile, Inbhir Nis: Dimàirt, 14 Lùnastal

Talla a' Bhaile, Inbhir Pheofharain: Diciadain , 15 Lùnastal

Tigh na Sgìre, Port Rìgh: Diardaoin, 16 Lùnastal

Talla a' Bhaile, Drochaid a' Bhanna: Dimàirt 21 Lùnastal

Ionad MhicPhàil, Ulapul: Diciadain 22 Lùnastal

Taigh Loch Abair, An Gearasdan: Diardaoin , 23 Lùnastal

Bidh na coinneamhan uile a' tòiseachadh aig 7.15f.

Gheibhear leth-bhreacan den dreachd aig oifisean na Comhairle, leithid leabharlannan agus Ionadan Seirbheis. Tha clàr-fhreagairtean ri fhaighinn air duilleag-dachaigh làrach-lìn na Comhairle www.gaidhealtachd.gov.uk. 'S e an ceann-latha airson freagairtean 31 Lùnastal.

Tha e mar fhiachaibh air a' Chomhairle Plan Gàidhlig a dheasachadh fo Achd na Gàidhlig 2005. 'S e 1 Dàmhair an ceann-latha airson a' Phlana a dhol gu Bòrd na Gàidhlig.

Tha am Plana stèidhte air prionnsabal co-ionannachd spèis eadar Gàidhlig agus Beurla, le Seirbheisean na Comhairle a' toirt feart air cor na Gàidhlig nuair a tha iad a' dealbhachadh agus a' coileanadh iomairtean.

-CRÌOCH-